


AINM: CLAS:

Ìre 4-7 Fileantaich

Am Meanglan Gorm

le Ceitidh NicGhriogair

Nota: Tha am facal gorm caran annasach ann an Gàidhlig. Gu math tric, ma tha duine a' bruidhinn air feur, no rudeigin eile a tha a' fàs, 's e **gorm**, 's chan e **uaine**, a chleachdadh e. Mar eisimpleir: **Bha am feur gorm.**



Faclair

Leugh an sgeulachd agus maids facal bhon taobh chli ri facal bhon taobh dheas:

èideadh	crònan
meanglan	aithne
eirmseach	làidir
ceilearach	aodach
minig	geur
daingeann	geug
for	tric
monmhor	ceòlmhor

Cànan

Tagh ceithir de na faclan gu h-àrd agus dèan seantansan ùra leotha.

Mar eisimpleir: **Nuair a dhùisg mi tràth madainn an-diugh, bha na h-eòin a' seinn gu ceilearach sna craobhan.**



Ceistean

Leugh an sgeulachd a-rithist. Obraich còmhla ri caraaid. Coimhead air na seantansan gu h-ìosal. A bheil iad ceart no ceàrr?

1.	Aig toiseach gnothaich, bha Màiri a' taghadh dreasa airson a dhol a choimhead air Granaidh Ghrannnd.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
2.	B e 'am meanglan gorm' lus a bha ri taobh leabaidh Granaidh.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
3.	Cha robh luchd-obrach an ospadail idir measail air a' chaillich.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
4.	Cha robh Granaidh Ghrannnd na seanmhair ged a bha i a' coimhead gu math coltach ri seanmhair.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
5.	Cha robh Peigi air a bhith dhachaigh airson iomadh bliadhna agus cha robh fios aig Granaidh càit an robh i.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
6.	Cha robh Granaidh an dòchas gum faiceadh i gu bràth tuilleadh i.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
7.	Bha Granaidh a' creidsinn gu mòr ann am feallsanachd nan Sìonach, gun tigeadh Peigi dhachaigh, is gun seinneadh na h-eòin na cridhe a-rithist.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
8.	Nochd Peigi ri taobh leabaidh Granaidh mus do chaochail i.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
9.	Thuit Granaidh na cadal den bheachd gun robh Peigi air a bhith a' cèilidh oirre.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR
10.	Bha Màiri a' faireachdainn grod gun do mheall i a' chaillich.	<input type="radio"/> CEART	<input type="radio"/> CEÀRR

Sgrìobhadh

Chan eil ceanglaichean teaghlaich mar bu chòir san sgeulachd seo agus tha e an urra ri cuideigin à taobh a-muigh an teaghlaich furtachd a thoirt dhan chaillich sna làithean mu dheireadh aice.

Cruthaich sgeulachd no aiste stèidhichte air fear de na cinn a leanas. Tha iad uile a' dèiligeadh ri gnothaichean teaghlaich:

1. Nam faighinn teaghlach ùr!
2. Clann an latha an-diugh? Dè mu am pàrantan?
3. Tha caraidean fada nas cudromaiche na teaghlach.
4. A' tilleadh dhachaigh
5. Trod!



Lùb am meanglan, 's cha tèid a' chraobh nad aghaidh.